

Poileasaidh Cànan 2018/19

Gaelic Language Policy 2018/19

1. Rò-ràdh / Introduction

1.1 Mu AÀA

Chaidh Ainmean-Àite na h-Alba a chruthachadh gus:

- 1.1.1. Riochdan cearta de dh'ainmean-àite Gàidhlig a dhaingneachadh air feadh Alba le iomradh air an dà chuid rannsachadh seann riochdan agus co-chomhairle air cleachdaidhean an latha an-diugh.
- 1.1.2. Litreachadh gnàthachas na Gàidhlig a chur ris na h-ainmean-àite
- 1.1.3. Cleachdadh nan cruthan seo a bhrosnachadh

'S e com-pàirteachas de na buidhnean poblach a leanas a th' ann an Ainmean-Àite na h-Alba:

Àrainneachd Eachdraidheil Alba
Bòrd na Gàidhlig
Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba
Comann Ainmean-Àite na h-Alba
Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid
Comhairle na Gàidhealtachd
Comhairle nan Eilean Siar
Dualchas Nàdair na h-Alba
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean
Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
Riaghaltas na h-Alba
Suirbhidh Òrdanais

Tha dithis luchd-obrach againn: Manaidsear Pròiseict (0.8 OLÚ) aig Sabhal Mòr Ostaig UHI (SMO) agus Neach-Rannsachaidh làn-ùine ann an Dùn Èideann.

1.1 About AÀA

The purpose of Ainmean-Àite na h-Alba is to:

- 1.1.1. Determine authoritative forms of Gaelic place-names across Scotland with reference to both research into historical forms and consolidation on current usage
- 1.1.2. Apply consistent orthography of Gaelic in these place-names
- 1.1.3. To encourage the adoption of these forms of Gaelic place-names

Ainmean-Àite na h-Alba is a partnership of the following public bodies:

Argyll and Bute Council
Bòrd na Gàidhlig
Comhairle nan Eilean Siar
Highland Council
Highlands and Islands Enterprise
Historic Environment Scotland
Ordnance Survey
Scottish Natural Heritage
Scottish Parliament Corporate Body
Scottish Place-Name Society
The Scottish Government
University of the Highlands and Islands

There are two staff members: a project manager (0.8FTE) based at Sabhal Mòr Ostaig UHI (SMO) and a fulltime researcher based in Edinburgh.

1.2 AÀA agus Cleachdadh na Gàidhlig

Bidh luchd-obrach AÀA a' cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach cho tric is as urrainn dhaibh.

Cho fad 's a tha AÀA stèidhichte aig SMO, bidh luchd-obrach:

- 1.2.1. A' bruidhinn na Gàidhlig a-mhàin leis na h-oileanaich
- 1.2.2. A' bruidhinn na Gàidhlig ri luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig, no ag ionnsachadh.
- 1.2.3. A' sgaoileadh puist-d anns a' Ghàidhlig a-mhàin tro shiostam post-dealain SMO.
- 1.2.4. A' sgaoileadh puist-d dà-chànanach tro shiostam post-dealain SMO nuair a bhios sin freagarrach. A leithid brathan-naidheachd dà-chànanach.
- 1.2.5. A' leantainn AÀA stiùireadh SMO a thaobh sgaoileadh puist-d dà-chànanach.

1.3 AÀA agus Brosnachadh na Gàidhlig

- 1.3.1. Tha AÀA airson luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig a bheil ùidh ann an ainmean-àite a bhrosnachadh gus ainmean-àite Gàidhlig aithneachadh agus a chleachdadh.
- 1.3.2. Tha AÀA airson daoine gun Ghàidhlig a bhrosnachadh gus ùidh anns a' Ghàidhlig a thogail.
- 1.3.3. Tha AÀA ann gus taic a chur ri mothachadh na Gàidhlig a mheudachadh le soidhnichean, agus foillseachaidhean an dà chuid air loidhne agus ann an clò.

1.2 AÀA and Using Gaelic

Staff will endeavour to use Gaelic in the work place as much as possible.

As long as AÀA is situated at SMO, the staff will:

- 1.2.1. Speak Gaelic only to SMO students.
- 1.2.2. Speak Gaelic to SMO staff, both fluent and learners whenever possible.
- 1.2.3. Send emails in only Gaelic when using the internal SMO emailing system.
- 1.2.4. Send bilingual emails when using the internal SMO emailing system where it is deemed appropriate. Such as bilingual press releases.
- 1.2.5. Follow SMO's guidelines on circulating bilingual emails.

1.3 AÀA and Promoting Gaelic

- 1.3.1. AÀA wishes to encourage Gaelic speakers and learners with an interest in place-names to recognise and use Gaelic place-names.
- 1.3.2. AÀA wishes to encourage those without Gaelic, to stimulate and increase interest in the language.
- 1.3.3. AÀA wishes to help raise Gaelic awareness by advising on signage and both online and hard-copy publications.

2. Poileasaidh Cànan / Gaelic Language Policy

Tha AÀA airson àrainneachd-obrach Ghàidhlig a chruthachadh le co-ionannachd spèise air a toirt an dà chuid dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla. Seo na ceumannan a bhios sinn a' gabhail:

AÀA wishes to create a Gaelic working environment with equal respect for both Gaelic and English. In order to achieve this the following steps will be put in place:

2.1 Goireasan agus Conaltradh

Air-loidhne

- 2.1.1. Làrach-lìn dà-chànanach: Gàidhlig agus Beurla co-ionann.
- 2.1.2. Bidh sinn a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta againn (Facebook agus Twitter) gu dà-chànanach.

Margaideachd

- 2.1.3. Thèid Gàidhlig a-mhàin a chleachdadh airson nithean margaideachd nuair a bhios sin freagarrach. A leithid tachartasan, irisean, craoladh agus foghlam tron Ghàidhlig.
- 2.1.4. Nuair a bhios feum ann Beurla a chleachdadh ann am brathan-naidheachd agus sanasan, bidh a' Ghàidhlig a cheart cho follaiseach ris a' Bheurla.

Soidhnichean

- 2.1.5. Bidh soidhnichean san oifis agus aig taisbeanaidhean uile dà-chànanach, Gàidhlig agus Beurla co-ionann.
- 2.1.6. Thèid Gàidhlig a-mhàin a chleachdadh nuair a bhios sin freagarrach. A leithid tachartasan, irisean, craoladh agus foghlam tron Ghàidhlig.

Stuth Sgrìobhte

- 2.1.7. Am broinn conaltradh sgrìobhte bidh an luchd-obrach:
 - 2.1.7.1. A' sgrìobhadh gu buidhnean Gàidhlig anns a' Ghàidhlig a-mhàin.
 - 2.1.7.2. A' sgrìobhadh gu dà-chànanach sa chiad chonaltradh gu buidheann sam bith eile, a' cleachdadh Gàidhlig

2.1 Resources and Communication

Online

- 2.1.1. Bilingual website: equal prominence given to Gaelic and English.
- 2.1.2. Social media (Facebook and Twitter) networks: postings will be bilingual.

Marketing

- 2.1.3. Gaelic only will be used in marketing material where appropriate. Such as Gaelic events, publications and broadcasting and Gaelic education.
- 2.1.4. When English is required, Gaelic and English will be used with equal prominence in press releases and advertisements.

Signage

- 2.1.5. Signage in the office and at project presentations will be bilingual with equal prominence given to Gaelic and English.
- 2.1.6. Gaelic only will be used when appropriate: Such as Gaelic events, publications and broadcasting and Gaelic education.

Written Materials

- 2.1.7. In written communication the staff will:
 - 2.1.7.1. Write to Gaelic organisations in Gaelic only.
 - 2.1.7.2. Write bilingually in the first instance to any other group, using only Gaelic subsequently where

<p>a-mhàin far a bheil sin freagarrach.</p> <p>2.1.7.3. A' brosnachadh dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an conaltraidhean le AÀA.</p>	<p>appropriate.</p> <p>2.1.7.3. Encourage those with Gaelic to use it in communications with AÀA.</p>
<p>Fòn</p> <p>2.1.9. Bidh luchd-obrach (aig SMO) a' freagairt an fhòn sa Ghàidhlig agus a' tionndadh gu Beurla ma bhios feum oirre.</p> <p>2.1.10. Bidh luchd-obrach a' bruidhinn sa Ghàidhlig ri buidhnean agus luchd-dèiligidh aig a bheil Gàidhlig.</p>	<p>Phone</p> <p>2.1.9. Staff (based at SMO) will answer the phone in Gaelic and change to English if necessary.</p> <p>2.1.10. Staff will speak Gaelic with Gaelic-speaking organisations and clients.</p>
<p>Conaltradh Luchd-obrach agus a' Chomataidh</p> <p>2.1.11. Bidh an luchd-obrach agus buill na comataidh aig a bheil Gàidhlig a' conaltraidh sa Ghàidhlig a-mhàin, ach nuair nach eil an cainnt teicnigeach a' freagairt air na sgilean cànan aig an Neach-Rannsachaidh.</p> <p>2.1.12. Bheir Manaidsear a' Phròiseict taic sam bith a tha a dhìth don Neach-Rannsachaidh agus luchd-obrach sam bith eile (leithid oileanaich greis- gnìomhachais) gus an cuid Gàidhlig a leudachadh agus a bhrosnachadh.</p> <p>2.1.13. Thèid puist-dealain don chomataidh a sgaoileadh gu dà chànanach</p>	<p>Staff and Committee Communication</p> <p>2.1.11. The staff and Gaelic speaking committee members will converse in Gaelic only, except where the required technical language does not meet the researcher's language skills.</p> <p>2.1.12. The project manager will support the Project Researcher and any other staff (such as placement students) in any way possible to encourage and improve their language skills.</p> <p>2.1.13. Emails distributed to the committee will be bilingual.</p>
<p>2.2 Stiùireadh agus Rianachd a' Phròiseict</p>	<p>2.2 Project Management and Administration</p>
<p>Obair làitheil</p> <p>2.2.1. Bidh an luchd-obrach ag obair tro mheadhan na Gàidhlig, ach nuair nach eil seo iomchaidh: ag obair le no airson duine sam bith aig nach eil Gàidhlig.</p>	<p>Daily work</p> <p>2.2.1. The staff will work through the medium of Gaelic whenever possible: when working with or for someone without Gaelic.</p>
<p>Luchd-dèiligidh</p> <p>2.2.2. Bheir AÀA taigse gnìomhach do luchd-dèiligidh Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh le AÀA ma bhios i aca.</p>	<p>Clients</p> <p>2.2.2. AÀA will actively encourage Gaelic speaking clients to use Gaelic in all contact with AÀA.</p>

Coinneamhan AÀA

- 2.2.3. Bheir sinn roghainn do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh ma bhios i aca, ach mura h-eil duine eile le Gàidhlig an làthair gus eadar-theangachadh ma tha feum.
- 2.2.4. Nuair a tha Gàidhlig aig a h-uile duine aig a' choinneimh, bruidhnidh sinn sa Ghàidhlig.
- 2.2.5. Nuair nach eil Gàidhlig aig a h-uile duine aig a' choinneimh, bruidhnidh sinn ann an lingua franca aontaichte.
- 2.2.6. Thèid na geàrr-chunntasan a sgrìobhadh sa chànan anns an robh a' choinneamh agus thèid an eadar-theangachadh ma dh'fheumaiste.

Aithisgean agus Tagraidhean

- 2.2.7. Thèid aithisgean agus tagraidhean airson Bòrd na Gàidhlig a sgrìobhadh sa Ghàidhlig
- 2.2.8. Thèid aithisgean agus tagraidhean sam bith eile a sgrìobhadh sa chànan a tha freagarrach don bhuidhinn/neach-dèiligidh a tha gan sireadh.
- 2.2.9. Leis nach eil Gàidhlig aig na com-pàirtichean air fad, thèid aithisgean taobh a-staigh AÀA a sgrìobhadh ann am Beurla agus an eadar-theangachadh gu Gàidhlig le iarratas.

Ionmhas

- 2.2.10. Thèid nithean ionmhais a stiùireadh tro mheadhan na Gàidhlig far an gabh seo dèanamh.
- 2.2.11. Cleachdaidh Manaidsear a' Phròiseict Gàidhlig le sgioba ionmhais SMO a rèir poileasaidh cànan SMO.

Poileasaidhean

- 2.2.12. Bidh poileasaidhean agus stiùireadh AÀA uile dà-chànanach.
- 2.2.13. Bidh bun-stèidh AÀA agus fiosrachadh mu bhallrachd AÀA dà-chànanach.

Fastadh Luchd-obrach

- 2.2.14. Thèid oidhirp a dhèanamh gus luchd-obrach le Gàidhlig ffastadh.
- 2.2.15. Bidh e riatanach gu bheil seasamh

AÀA Meetings

- 2.2.3. We will give people the choice to use Gaelic if they have it, unless there are no other Gaelic speakers present able to translate if required.
- 2.2.4. Where all those present are Gaelic speakers, meetings will be conducted in Gaelic.
- 2.2.5. Where there are non-Gaelic speakers present, meetings will be conducted in an agreed lingua franca.
- 2.2.6. Minutes will be written in the language the meeting was conducted in and translated if needed.

Reports and Applications

- 2.2.7. Reports and applications for Bòrd na Gàidhlig will be submitted in Gaelic.
- 2.2.8. Reports and applications for other organisations/clients will be written in the language appropriate to them.
- 2.2.9. As not all AÀA partners are Gaelic-speaking, internal reports will be written in English and translated if requested.

Finance

- 2.2.10. Financial business will be conducted in Gaelic whenever possible.
- 2.2.11. The Project Manager will use Gaelic with the finance staff at SMO in accordance with the SMO Gaelic Language Policy.

Policies

- 2.2.12. All AÀA policies and guidelines will be bilingual.
- 2.2.13. AÀA's constitution and information on membership will be bilingual.

Employing staff

- 2.2.14. Every effort will be made to employ Gaelic speaking staff.
- 2.2.15. A supportive attitude towards Gaelic is

fàbharach ris a' Ghàidhlig aig gach neach-obrach.

- 2.2.16. Thèid cothrom trèanaidh cànan a thabhann do luchd-obrach ùra.

vital for all employees.

- 2.2.16. Language training opportunities will be given to all new staff members.

2.3 Leasachadh Pearsanta

- 2.3.1. Nì an luchd-obrach cùrsaichean no modalan iomchaidh air astar air an tabhann le SMO, air neo clas Glàidhlig gach seachdain aig ìre fhreagarrach.
- 2.3.2. Gheibh an luchd-obrach mu uair a thìde gu leth gach seachdain am broinn uairean na h-obrach gus an cuid sgilean cànan a leasachadh.
- 2.3.3. Nì an luchd-obrach an dìcheall a' chuid Ghàidhlig aca a leasachadh.
- 2.3.4. Gheibh an luchd-obrach nach eil fileanta an cothrom cùrsa goirid Gàidhlig a dhèanamh turas gach bliadhna aig SMO.

2.4 Ath-sgrùdadh

- 2.4.1. Bidh AÀA a' dèanamh ath-sgrùdadh air a' phoileasaidh seo aig toiseach a' Chèitein gach bliadhna agus thèid aontachadh aig a' choinneimh bhliadhnail aig deireadh a' Chèitein.

2.3 Personal development

- 2.3.1. The staff will partake in appropriate distance learning courses or modules offered through SMO, or attend a weekly Gaelic class at the appropriate level.
- 2.3.2. Staff will dedicate roughly one and a half hours study time per week during working hours to developing their language skills.
- 2.3.3. All staff will make an effort to improve their Gaelic.
- 2.3.4. Staff who are not fluent will have the opportunity to attend a Gaelic short course at SMO once a year.

2.4 Revision

- 2.4.1. AÀA will revise this policy annually at the beginning of May and its contents will be subject to agreement at the AGM at the end of May.